



Nam b' e seo deireadh an sgeòil, bhiodh e uabhasach brònach. Ach rinn Dia rudeigin mìorbhaileach. Cha do dh'fhuirich Ìosa marbh!




Tràth sa mhadainn air a' chiad latha san t-seachdain, lorg cuid de dheisciobalan Ìosa gun deach a' chlach a roilgeadh far na h-uighe. Nuair a choimhead iad a-staigh, cha robh Ìosa ann

tuilleadh.



Dh'fhuirich aon bhoireannach, a' caoineadh, ri taobh na h-uighe. Nochd Ìosa dhi! Rinn i cabhag le toileachas air ais gus innis dha na deisciobalan eile. "THA ÌOSA BEÒ! THA ÌOSA AIR ÈIRIGH O NA MAIRBH!"

Thàinig Ìosa gu na deisciobail agus sheall E dhaibh A làmhan leis na tuill-tàirnge orra. B' e an fhìrinn a bh' ann. BHA ÌOSA BEÒ A-RITHIST! Thug E mathanas do Pheadar airson àicheadh agus thuirte E ris na deisciobail Aige innse dhan a h-uile duine mu A dheidhinn. An uair sin thill E dha nèamh bhon tàinig E.



# A' Chiad Chàisg

A' Chiad Chàisg

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè, Am Bioball, ri

Mata 26-28, Lùcas 22-24, Eòin 13-21

Tha an leabhran seo mar ghibht bho: "Bheir fosgladh do bhriathar solas." Salm 119:130

Sgrìobhte le Edward Hughes  
Dealbhan le Janie Forest  
Alastair Paterson

Air eadar-theangachadh le Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill  
Eadar-theangaichte le Lyn Doerksen

Sgeulachd 54 a-mach a 60

M1914.org

Bible for Children, PO Box 3, Winnipeg MB R3C 2G1 Canada

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh, agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh.


Tha gaol Dhè oirnn cho mòr gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, a phàigheadh airson nam peacaidhean againn. Thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E air ais a Nèamh! A-nis, nì Dia maitheadh dhuinn airson ar peacaidhean.

Ma tha thu airson tionndadh air falbh bho na peacaidhean agad, can seo ri Dia: A Dhè, tha mi a' creidsinn gun do bhàsaich Ìosa air mo sgàth agus gu bheil E beò a-rithist. Thig nam bheatha agus dèan mathadh air mo pheacaidhean gus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus gun tèid mi, aon latha, a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith Gad leantainn mar Do leanabh. Amen. Eòin 3:16


Leugh am Bioball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha!

Gàidhlig


Gaelic



Sheas am boireannach air an leathad fuaimneach, a sùilean brònach a' coimhead an-àirde air sealladh eagallach. Bha a Mac a' bàsachadh. B' e Muire a' mhàthair agus sheas i faisg air an àite far an robh Ìosa air a thàirngeadh ri crois.




Ciamar a thachair seo uile? Ciamar a chuir Ìosa crìoch air beatha cho bòidheach ann an dòigh cho uabhasach? Ciamar a leigeadh Dia le Mhac a bhith air a cheusadh gu bàs an sin? An do rinn Ìosa mearachd mu Cò E? An do dh'fhàilnich Dia?




Cha do dh'fhàilnich!  
Cha do rinn Ìosa  
mearachd sam bith.  
Bha fhios aig Ìosa fad  
a bheatha gun  
deigheadh E a  
mharbhadh le daoine  
aingidh. Fiù nuair a  
bha Ìosa na leanabh,  
dh'innis seann bhodach,  
Simeon, do Mhuire gun  
robh bròn ri thighinn.

3




Beagan làithean  
mus deach Ìosa a  
mharbhadh, thàinig  
boireannach agus  
chuir i ola-ungaidh air A  
chasan. "S e call airgid a tha  
sin," ghearrain na deisciobail. "Rinn  
i obair mhath," arsa Ìosa. "Rinn i e airson  
m' adhlacaidh." Abair faclan neònach!

4




Às dèidh seo  
dh'aontaich Iùdas,  
deisciobal Ìosa, ri  
Ìosa a bhrath dha  
na h-àrd-shagartan  
airson 30 bonn  
airgid.

5



Aig Càisg nan Iùdhach, dh'ith Ìosa  
A dhiathad mu dheireadh Aige  
còmhla ri A dheisciobail. Dh'innis  
E dhaibh rudan mìorbhaileach mu  
Dhia agus A gheallaidhean dhan an  
fheadhainn aig a bheil gaol Air. An  
uair sin, thug Ìosa aran agus cupa  
dhaibh airson a roinn eatorra. Bha  
seo airson cuimhneachadh  
dhaibh gun deach  
corp agus fuil  
Ìosa a thoirt  
seachad airson  
peacaidhean a  
mhaithheadh.

6




An uair sin, dh'innis Ìosa dha na caraidean Aige gun  
deigheadh a bhrathadh agus gun ruitheadh iadsan  
air falbh. "Cha ruith mise air falbh," arsa Peadar.  
"Mus gairm an coileach an-diugh bidh tu air m'  
àicheadh trì tursan," arsa Ìosa.

7



Nas anmoiche san  
oidhche, chaidh Ìosa a  
dhèanamh ùrnaigh ann  
an Gàrradh  
Getsemane. Thuit na  
deisciobail a bha  
còmhla Ris nan caidil.  
"M' Athair," arsa Ìosa,  
"... Leig leis a' chupa  
seo a dhol seachad  
Orm. A dh'aindeoin  
sin, chan ann mar as  
toigh leamsa, ach mar  
as toigh Leatsa."

8




An uair sin mhèarrs sluagh mòr  
a-staigh dhan ghàrradh, Iùdas air an  
ceann. Cha deach Ìosa nan aghaidh,  
ach gheàrr Peadar dheth cluas duine.  
Gu socair, bhean Ìosa ris a' chluais  
agus leighis e i. Bha fhios aig  
Ìosa gun robh e na pàirt de  
mhianh Dhè gun deigheadh  
a chur an grèim.

9




Thug an sluagh Ìosa gu taigh an àrd-shagairt.  
An sin, thuirt na ceannardan Iùdhach gum bu  
chòir do Ìosa bàsachadh.  
Faisg air làimh, sheas  
Peadar ri taobh teine  
nan searbhantan  
a' coimhead.

10



Trì tursan, sheall daoine air Peadar agus thuirt  
iad, "Bha thusa còmhla ri Ìosa!" Trì tursan, dh'àich  
Peadar e, dìreach mar a  
thuirt Ìosa. Bha e fiù  
's a' mallachadh agus  
a' mionnachadh.


11



GO GA CHUIDHE CHAOIDHE

Anns a' bhad, ghairm  
coileach. Bha e mar  
guth Dhè dha Peadar.  
A' cuimhneachadh  
faclan Ìosa, chaoin  
Peadar gu goirt.

12



Bha Iùdas duilich  
cuideachd. Bha fhios aige


nach robh Ìosa ciontach de  
pheacadh no de dh'eucoir sam  
bith. Thug Iùdas na 30 bonn  
airgid air ais, ach cha ghabhadh  
na sagartan an t-airgead.  
Thilg Iùdas an t-airgead  
sios, chaidh e a-mach -  
agus chroch e  
e fhèin.

13




Thug na sagartan Ìosa gu Pilat,  
an riaghladair Ròmanach. Thuirt  
Pilat, "Chan eil mi a' faighinn  
coire sam bith anns an Duine  
seo." Ach chùm a'  
ghràisg dhaoine orra  
ag èigheach, "Ceus  
E! Ceus E!"

14



Mu dheireadh thall, chaidh Pilat  
leotha agus thug e binn a-mach gum  
bàsaicheadh Ìosa air crois. Bhuail  
na saighdearan Ìosa, thilg iad  
smugaid Na aghaidh agus chuip iad  
E. Rinn iad crùn borb de droigheann  
fada, geura agus dh'fhàisg iad e air  
A cheann. Thàirng iad E ri crois  
fiodha airson bàsachadh.

15



Bha fhios a-riamh aig Ìosa gur ann mar sin  
a bhàsaicheadh E. Bha fhios Aige cuideachd  
gun toireadh A bhàs maithneas do na peacaich  
a chuireadh earbsa Ann.  
Chaidh dithis eucoireach a  
cheusadh ri taobh Ìosa.  
Chreid anan ann an  
Ìosa agus chaidh e  
gu Pàrras. Cha do  
chreid am fear eile.

16



Às dèidh uairean fada de  
dh'èiginn, thuirt Ìosa "Tha  
e crìochnaichte," agus  
chaochail e. Bha Obair  
deiseil. Thiodhlaic  
a charaidean E  
ann an tuama  
prìobhaideach.

17



Sheulaich saighdearan  
Ròmanach an tuama  
agus chuir iad gearrd  
air. Cha b' urrainn  
duine faighinn  
a-steach - no  
a-mach.

18